

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

**le Ruairidh MacIlleathain**

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at [rodny.macleam@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleam@bbc.co.uk) \* This is Litir 227.*

An t-seachdain sa chaidh bha mi ag innse dhuibh stòiridh beag à stòras de bheul-aithris à Srath Narann a chruinnich Andaidh MacCuimein nach maireann. Nuair a bha mi a’ coimhead tron chruinneachadh aige de dh’fhiosrachadh air ainmean-àite na sgìre, mhothaich mi don fhear seo: *Stairsneach nan Gaidheal*.

Cha do lorg mi an t-ainm seo air na mapaichean ach, a rèir na sgrìobh Andaidh, tha e faisg air a’ Mhòigh, gu deas air Inbhir Nis, eadar an srath aige fhèin agus an ath-shrath air an taobh a deas dheth. *Stairsneach nan Gaidheal – the threshold of the Gaels*. Carson a bhiodh ainm mar sin ann oir nach robh na Gaidheil air feadh na Gaidhealtachd? Ciamar a bhiodh stairsneach aca, mar gu robh iad air aon taobh dhith, gun a bhith air an taobh eile?

Uill, bha na Gaidheil pailt air feadh na Gaidhealtachd airson mìle gu leth bliadhna ach, ma thèid sinn air ais fada gu leòr, gu àm nuair a bha iad ag àiteach na dùthcha an toiseach, bha cuid de ghlinn is srathan na bu Ghaidhealaiche na feadhainn eile. ’S dòcha gun do dh’èirich an t-ainm aig an àm sin.

Bha Andaidh a’ smaoinreachadh gu robh uaireigin diofar chànan air a bruidhinn ann an Srath Narann bhon tè a bh’ air a bruidhinn anns an ath-shrath. Agus nuair a chluinneas sibh ainm an ath-shratha, ’s dòcha gum bi sibh ag aontachadh ris. ’S e an t-ainm a th’ air – Srath Eireann. *Strath of Ireland*. Bha Andaidh dhen bheachd, nuair a bha Srath Eireann gu tur Gaidhealach, is Gàidhlig ann mar chànan an t-sluaigh, gu robh seann chànan nan Cruithneach fhathast aig muinntir Shrath Narainn. Agus eatarra bha *Stairsneach nan Gaidheal*.

Airson tuilleadh fhaighinn a-mach mun chùis, choimhead mi ann an seann phàipear air ainmean-àite na sgìre. ’S e am Proifeasair Uilleam MacBhàtair a sgrìobh e, agus cha robh duine na b’ eòlaiche na esan air ainmean-àite Ceilteach na h-Alba.

Cha robh dad aige mu *Stairsneach nan Gaidheal*, ach bha fiosrachadh aige mun ainm-àite *Srath Eireann*. ’S e an t-ainm a th’ air an abhainn a tha a’ sruthadh tron t-srath Uisge Eire no Uisge Eireann – *the Findhorn River*. ’S e a’ Ghàidhlig a th’ air baile *Findhorn* – Inbhir Eireann, agus tha àiteachan eile anns an t-srath air a bheil *Dunearn* no Dùn Eireann, *Nook of Earn* no Cùil Eireann agus *Earnhill* no Cnoc Eireann. Bha MacBhàtair dhen bheachd gur e “Eire” no “Ireland” an t-ainm a bh’ air an sgìre.

A’ coimhead air an ainm *Findhorn*, thàinig sin bho “Finn-Eire” no *White Ireland*, leis gu bheil tràigh mhòr bhàn ann aig beul na h-aibhne. Gu sear air an abhainn sin tha tè eile air a bheil an *Deveron* ann am Beurla. Ann an Gàidhlig, ’s e sin *Dubh Eireann* no “Dubh Eireann” mar a chanas sinn an-diugh – *Black Ireland*. Bha MacBhàtair dhen bheachd gun deach seann dùthaich nan Gaidheal a chuimhneachadh anns na h-ainmean sin nuair a thàinig sluagh Gaidhealach a dh’fhuireach ann an Alba.

’S dòcha, ma-thà, gu robh Andaidh còir ceart, agus gu robh Srath Eireann lan Ghaidheal nuair a bha Srath Narann fhathast làn Cruithneach. Tha e doirbh a bhith cinnteach, agus chan eil an t-ainm *Narann*, a bh’ air an abhainn an toiseach, a’ toirt mòran fiosrachaidh dhuinn, oir tha e gu math sean. ’S dòcha gu bheil e a’ dol air ais gu linn ro na Cruithnich fhèin. Co-dhiù,

tuigidh sinn mar a dh'fhaodadh na Gaidheil "stairsneach" ainmeachadh eadar an dà ghleann. Agus nach eil e iongantach, ùine mhòr mhòr as dèidh làimh, gu bheil an t-ainm sin fhathast aithnichte air aghaidh na dùthcha.

\* \* \* \* \*

**Faclan na seachdainne:** stairsneach: *threshold*; a' Mhòigh: *Moy*; pailt: *plentiful*; Srath Narann: *Strathnairn*; Srath Eireann: *Strathdearn*; Cruithneach: *Pict*; eatarra: *between them*; Uilleam MacBhàtair: *William (W.J.) Watson*; Ceilteach: *Celtic*; Inbhir Eireann: *Findhorn*.

**Abairtean na seachdainne:** mhothaich mi don fhear seo: *I noticed this one*; mar gu robh iad air aon taobh dhith: *as if they were on one side of it (fem.)*; gun a bhith air an taobh eile: *without being on the other side*; nuair a bha iad ag àiteach na dùthcha: *when they were settling the country*; cuid de ghlinn is srathan: *some glens and straths*; bhon tè a bh' air a bruidhinn anns an ath-srath: *from the one spoken in the next strath*; cha robh duine na b' eòlaiche na esan: *nobody was more knowledgeable than him*; 's e an t-ainm a th' air an abhainn a tha a' sruthadh tron t-srath X: *the name of the river which flows through the strath is X*; leis gu bheil tràigh mhòr bhàn ann aig beul na h-aibhne: *since there is a great white beach at the mouth of the river*; gu sear air an abhainn sin tha tè eile: *to the east of that river there is another one*; gun deach seann dùthaich nan Gaidheal a chuimhneachadh anns na h-ainmean sin: *that the old land of the Gaels was remembered in those names*; gu robh Andaidh còir ceart: *that good old Andy was right*; nach eil e iongantach?: *isn't it wonderful?*; ùine mhòr mhòr as dèidh làimh: *a long long time afterwards*; fhathast aithnichte air aghaidh na dùthcha: *still recognised on the face of the land (country)*.

**Puing-ghràmar na seachdainne:** *You will notice that Ireland, which is Eire in Irish Gaelic and Eirinn in Scottish Gaelic is Eireann or, with the article, na h-Eireann in the genitive case (in both countries). This may strike you as a little strange as many modern genitives are formed by a slenderisation of a broad terminal vowel. Because of this, I hear some Gaels today giving an erroneous genitive – na h-Eirinn, with a narrow terminal vowel. This is wrong. The name is very old and its "ann" ending bears comparison with the old genitive of Alba – Albann or na h-Albann, which you will still hear in speech, particularly in Argyll, although the "official" form today is na h-Alba. This vowel broadening as a marker of the genitive is to be found in another ancient name – Ulaidh, the Gaelic for Ulster. The genitive is Uladh, so we say Gàidhlig Uladh for Ulster Gaelic, not Gàidhlig Ulaidh.*

**Gnàths-cainnt na seachdainne:** stòiridh beag à stòras de bheul-aithris à Srath Narann a chruinnich Andaidh MacCuimein nach maireann: *a little story from the riches of oral tradition from Strathnairn that Andy Cumming (deceased) collected*. Nach maireann: *deceased*.

\* "*Litir do Luchd-ionnsachaidh*" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig